

COVID19 Stiùireadh do Luchd-obrach

Tha Sabhal Mòr Ostaig a' leantainn stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba do dh'Oilthighean is Colaistean airson an cunnart an cois COVID-19 do neach sam bith air an àrainn a lughdachadh. Tha e riatanach gun cum a h-uile duine ris airson leigeil le gach oileanach leantainn orra le an cuid foghlaim agus a bhith an sàs ann am beatha nan oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig.

Bu chòir molaidhean is draghan sam bith a thogail tro Sgioba Stiùiridh Covid covid@smo.uhi.ac.uk no le do Mhanaidsear no Nicola NicThòmais, Stiùiriche Corporra.

Ma bhios comharraidhean COVID-19 ort:

- Bu chòir an clàradh tro post-d covid@smo.uhi.ac.uk no le bhith a' fònadh dhan Stiùiriche Chorporra, air 01471 888 301
- **Cuir fios gu Test & Protect** air www.nhsinform.scot no cuir fòn gu **0800 028 2816** airson deuchainn COVID-19 a chur air dòigh.

Fèin-iomallachd is Cuarantain

- Fan aig an taigh agus cuir deuchainn coròna-bhìorais air dòigh ma tha comharraidhean COVID-19 ort: casad leantainneach ùr, fiabhras, chan eil thu a' faireachdainn fàileadh agus / no blas.
- Fan aig an taigh agus lean stiùireadh Test & Protect ma tha thu a' fuireach le cuideigin (agus ann an dachaigh oileanach) air a bheil comharraidhean COVID-19 no ma gheibh thu fios bho Test & Protect mar neach a bha ann an cuideachd neach eile air a bheil comharraidhean COVID.
- Fan aig an taigh ma tha thu air tilleadh (air tighinn) a dh'Alba bho dhùthaich air a bheil riaghailtean cuarantain Riaghaltas na h-Alba an sàs, no sgìre san Rìoghachd Aonaichte far a bheil cuingealachaidhean Covid an gnìomh, a-rèir an stiùiridh as ùire.
- Ma dh'fhàsas tu bochd aig d' obair, thèid do chur dhachaigh san spot no gu seòmar fa leth gus an tog cuideigin thu

Astarachadh Sòisealta

Feumaidh luchd-obrach cumail ri astar sòisealta de 2 mheatar air àrainn na Colaiste fad na h-ùine ach:

- Ann an àiteachan teagaisg far am feumar obrachadh nas dlùithe agus PPE ga thoirt seachad.
- Far nach eil e comasach 2m a chumail (anns na trannsairean) feumar còmhdach-aghaidh a chosg

Luchd-obrach air an làraich

- Bhiodh sibh uile air fios fhaighinn bhon Stiùiriche Corporra, 20/07/20, a' daingneach ur n-àite-obrach tro Semeastar 1
- Feumaidh tu clàradh le do Mhanaidsear uair sam bith a bhios tu air an làraich
- Feumaidh Manaidsear clàradh tro fios@smo.uhi.ac.uk gach Dihaoine airson na h-ath seachdain, a' mìneachadh cò bhon sgioba a bhios air an làraich agus cuine.

Còmhdhaichean-aghaidh

- Tha e riatanach gun cosg luchd-obrach is oileanaich còmhdach-aghaidh ann an carbadan na Colaiste is air àrainn phoblach na Colaiste ach ann an àiteachan aoiigeachd (tha cead aig oileanaich suidhe còmhla a-rèir dachaighean, sa bhiadhlan, sna cidsinean agus ann an cuid de chlasaichean, mar a chaidh aontachadh).
- Thathar a' moladh chòmhdhaichean-aghaidh anns gach àite eile, a leithid àiteachan teagaisg.

- Feumar còmhach aghaidh a chosg ann an àiteachan poblach a-staigh, a leithid An Leabharlann is bhùithtean air àrainn na Colaiste.
- Feumar a bhith mothachail is tuigseach gu bheil daoine ann nach urrainn an cosg air adhbhar slàinte.
- Bu chòir còmhach-aghaidh atharrachadh a h-uile latha is a nighe aig 60 ceum de theothachd.

Glainead – Bu chòir dhut:

- Do làmhnan a nighe fad 20 diog gu cunbhalach agus an tiormachadh – agus an-còmhnaidh ro/an dèidh biadh a ghabhail agus an dèidh a dhol don taigh bheag.
- Sreothart a dhèanamh ann an nèapraigear no d’ uileann agus faigh cuidhteas an nèapraigear sa bhad.
- Na goireasan a chleachdadh airson làmhnan a nighe aig dorsan nan toglaichean.

Dachaighean Oileanach (airson fios)

- Faodaidh oileanaich fois a ghabhail le muinntir nan dachaighean oileanach anns a’ chidsin / san t-seòmair-shuidhe aca
- Chan fhaod aoi ghean eile cèilidh orra – tron oidhche no eile - air sàillibh ’s gu bheil seo a’ fàgail na dachaigh gu lèir ann an cunnart.
- Cha bu chòir luchd-obrach a tha a’ fuireach ann an àiteachan-fuirich nan oileanach a bhith ann an dachaigh

Coinneamhan agus Àiteachan eile

- Tha casg air coinneamhan aghaidh ri aghaidh an-dràsta (far a feum seo tachairt thèid measadh cunnart a sgrìobhadh agus modhan-dìon eile a chur an gnìomh)
- Chan eil oifisean roinnte ceadaichte (ach a-rithist far am feum seo tachairt thèid measadh cunnart a sgrìobhadh agus modhan-dìon eile a chur an gnìomh)
- Bu chòir còmhach-aghaidh a chosg anns na seòmraichean luchd-obrach. Dèan strupag dhut fhèin a0-mhàin, cleachd stuth nighe-làmhnan agus suath rud sam bith ris an do bhean thu

Modhan smachdachaidh mura cumar ris na riaghailtean

- Mura tèid gèilleadh ri modhan slàinte is sàbhailteachd SMO COVID-19, thèid a làimhseachadh mar chùis smachdachaidh agus mar dhroch bhriseadh air poileasaidh deagh ghiùlan luchd-obrach.
- Faic Poileasaidh Smachdachaidh (Luchd-obrach)
- Feumaidh a h-uile duine cumail ri riatanasan Test & Protect a-rèir lagh na h-Alba, a’ gabhail a-steach iarrtasan fèin-iomallachd.